

V.



R.

SGRÌOBHADH-CUIMHNE NAM BREITH, NAM BAS, AGUS NAM POSAIDHEAN.

17° & 18° VICTORIÆ, CAP. 80.

ATHARRACHADH RIAGHAILT.

O'N cheud latha do'n cheud mhios do'n bhliadhna 1855, agus na dheigh, bithidh e an aghaidh 'n lagha Sgrìobhadh-Cuimhne Breith, na Bas, na Posadh sam bith, a chuir sìos anns na Claran-Cuimhne sin a tha nis air an cleachdadh (ach a mhain a thaobh Breithean, Basan agus Posaidhean a thachair roimh 'n cheud latha thar fhichead do mhios mu dheireadh na bliadhna 1854, faotair iadsan a chuir sìos anns na Claran-Cuimhne a tha nis ann an cleachdadh, gu ruig a cheud latha thar fhichead do mhios mu dheireadh na bliadhna 1855), agus tha geur aithre an t-Sluaisge gu durachdach iar a ghairm dh' ionnsuidh na Seolaidhean a leanas a thaobh an lagha mar tha e an sin gu bhì iar a chuir an cleachdadh. Fo 'n riaghailt ur so, bithidh gach uile Bhreith, agus Bas, agus Posadh, ma nithear aithnichte iad do Fhear-Sgrìobhadh a Chlar-Cuimhne, an taobh a stigh do'n uine a dh' orduicheadh san Lagh, iar an Clar-sgrìobhadh GUN PHAIDHEADH SAM BITH a bhì iar agairte o'n dream a bheir fios nu'n tiomcheil.

RIAGHAILT A THAOBH NAM BREITH.

EARRANN XXVII.—Aig breith leanabh sam bith, feumaidh na Parantan no am Parant, (*Mathair an leinibh, ma's leanabh diolain e*) an ceann latha thar fhichead, agus sin fo *Pheanas Fhichead Tasdán*, no ni iad dearmad, teachd gu pearsanta agus fios a thoirt do Fhear Sgrìobhadh Clar-Cuimhne na Sgìorachd no na Cearnaidh 'san d' rugadh an leanabh.

Iar bas nam Parantan, no iar dhoibh a bhì neo-chomasach teachd, feumaidh an sin an Neach air am bheil curam leanabh sam bith, ceannard an Tigh no'n Aitreach 'san d' rugadh an leanabh, agus a Bhean-ghlain a bhì friththeadh aig am Breith, teachd agus fios a thoirt do Sgrìobhadh na Clar-Cuimhne.

Ma nithear dearmad am fios orduichte so a thoirt, feumaidh na Parantan, no a mhuintir eil a cheana air an ainmeachadh, agus, mar an ceudna, muintir sam bith eil a tha fiosrach mu'n cheus, air dha sin a bhì iar iarraidh orra gu pearsanta no ann an sgrìobhadh, teachd, an taobh a stigh do thri

Miosan o bhreith an leinibh, agus fios a thoirt do Fhear Sgrìobhadh na Clar-Cuimhne, fo *PHEANAS DA FHCHEAD TASDAN*.

EARRANN XXIX.—Iar faotainn do neach air bith Leanabh sam bith iar ur-bhreith, bheir e air *bàl* fios m'a 'n ni so do Sgrìobhadh Clar-Cuimhne na Sgìorachd no na Cearnaidh, no do' Fhear Coimhid nam Bochd, no do Mhao-sithe na Cearnaidh, fo *PHEANAS DA FHCHEAD TASDAN*.

EARRANN XXXI.—Anns gach uile cheus far am *bi Tri Miosan iar dol Seachad* an deigh Breith an leinibh, bithidh e an aghaidh an Lagh an lethidean sin do Bhreithean a sgrìobhadh 'sa Chlar-Cuimhne; ach a mhain a reir na riaghailtean a th' iar an ordachadh ann san earrann deng thar fhichead. M'a nadur na riaghailtean so bheir Fhear Sgrìobhadh Clar-Cuimhne na Sgìorachd no na Cearnaidh fios dhoibhsan a dh' thearicheadh deth.

RIAGHAILT A THAOBH NAM BAS.

EARRANN XXXVIII.—Feumaidh na Caraidean is dilse a tha a lathair aig Bas neach sam bith, agus Ceannard an Tigh no 'n Aitreach anns an do thachair am Bas, fios a thoirt gu pearsanta m'a 'n Bhas do Fhear Sgrìobhadh Clar-Cuimhne na Sgìorachd no 'na Cearnaidh, AN CEANN OCHD LATHA, fo *PHEANAS FHCHEAD TASDAN*.

Ma ni a mhuintir so dearmad fios a thoirt, feumaidh iad, no muintir sam bith eil a tha fiosrach m'a 'n cheus, an ceann *ceithir-latha-deug* o'n thachair am Bas, iar do sin a bhì iar iarraidh orra gu pearsanta no ann an Sgrìobhadh, teachd agus am fios ionchuidh a thoirt do Sgrìobhadh na Clar-Cuimhne, fo *PHEANAS DA FHCHEAD TASDAN*.

EARRANN XXXIX.—Ma thachairas do neach sam bith basachadh, agus *sin chan ann ann an Tigh no Aitreach*, bheir an sin Ceannard an Tigh no 'n Aitreach 's an robh e aig an àm gabhail comhnuidh, iar dha fios fhaotainn m'a lethid sin do Bhas, fios, no bheir e fa' near gum bi fios iar a thoirt, do Sgrìobhadh Clar-Cuimhne na Sgìorachd no na Cearnaidh sin 's an robh an neach a bhàsaich gabhail comhnuidh, fo *PHEANAS DA FHCHEAD TASDAN*, ma ni e dearmad.

Ma'se Ceannard an Tigh e fein a bhàsaich, feumaidh iadsan a tha a lathair san Tigh fios a thoirt.

An uair nach eil fhios c'aite an robh an neach a bhàsaich a gabhail comhnuidh, an sin neach sam bith a tha a lathair aig a Bhas, no aig faotainn a Chuirp, agus Fear-dreuchd sam bith aig am bheil ann cheud ughdarras san Sgìorachd no ughdarras choitcheann 'san Duthaich, no neach air bith, dh' ionnsuidh am bhì an corp iar a thoirt, feumaidh e, air an doigh cheudna, agus fo 'n *PHEANAS CHEUDNA*, am fios ionchuidh a thoirt.

Tha EARRANN XLI 'g ordachadh gun cuir luchd-leighis Litir-theisteanas m'a 'n Bhas, iar a cumhadh a reir seolaidh an Lagh, a dh' ionnsuidh Fear-sgrìobhadh a Chlar-Cuimhne, an ceann *ceithir latha-deug*, agus sin fo *PHEANAS DA FHCHEAD TASDAN*, ma ni iad dearmad air so a dheanamh.

EARRANN XLII.—Feumaidh easan a tha gabhail adhlacaidh os laimh, na neach sam bith eil air am bheil curam adhlacaidh neach sam bith, an ceann *tri latha* an deigh an d'adhlacaidh, agus fo *PHEANAS DA FHCHEAD TASDAN*, Litir-fhianuis air an d'adhlacaidh sin a chuir a dh' ionnsuidh Fear-sgrìobhadh Clar-Cuimhne na Sgìorachd ann 'san do thachair am Bas.

RIAGHAILT A THAOBH POSAIDHEAN.

EARRANN XLVI.—A thaobh Posadh a th' air a chuartaich a reir gnathan Coitcheann na h-Eaglais, an uair a tha an Sgrìobhadh-fianuis air GAIRM Chumhant a phosaidh iar a thoirt a mach, gheibhear maile ris paipear araidh anns am bheil sgrìobhadh gu bhì air a dheanamh a reir seolaidh an Lagha. Nochdar am paipear so do'n Mhinistear a tha cuartaich ordugh a Phosaidh; agus na fhianuis-sa cuiridh na Partaidhean a tha teachd fo Chumhant Posaidh an ainmean sgrìobhte ris a phaipear, mar a ni mar an ceudna na Fianuisen, firionnaich no boireannaich, a tha lathair, gun a bhì nis lugha na Dithis ann an araidh. Cuiridh mar an ceudna am Ministear a lathair-sgrìobhadh ris a phaipear so. Feumaidh na Paipearan so, iar dhoibh a bhì mar so iar am fianuisachadh, a bhì iar an toirt air ais do na Partaidhean a thainig fo chumhant Posaidh, agus feumaidh iadsan an ceann *tri latha* na dheigh sin, ann cheud an toirt tharuis, no 'n cuir troimh 'n "Phost

Office," a dh' ionnsuidh Fear-sgrìobhadh Clar-Cuimhne na Sgìorachd 'san do phos iad. Ma nithear dearmad na Paipearan so a thoirt, no a chuir, don Fhear-Sgrìobhadh, bithidh an duine, agus, aig failneachadh dasan, a bhean, fo *PHEANAS DEICH PUIND SHASUNNACH*.

EARRANN XLVII.—Tha Fear-sgrìobhadh Clar-Cuimhne Sgìorachd na Cearnaidh fo fhiachainn, iar dha rabhadh fhaotainn ann an Sgrìobhadh, *Da fhichead uair do thim 'sa h-ochd* roimh laimh, friththeadh air Fairtidhean aig cuartaich ordugh a Phosaidh, le a Chlar-Cuimhne, agus na sgrìobhadh ionchuidh a dheanamh innse.

Tha EARRANN XLVIII agus XLIX. a nochdadh an riaghailt a thaobh Posaidhean nach eil iar an coimhid a reir gnathan na h-Eaglais. Gheibhear fios mo thiomcheil so iar fearcachd do' Fhear-Sgrìobhadh Clar-Cuimhne na Sgìorachd no na Cearnaidh.

SEOLAIDHEAN COITCHEANN.

EARRANN XLV.—Far an dearmad muintir teachd agus fios a thoirt air na nithibh a th' iar an ordachadh san Lagh so, an deigh dhoibh da ghairm chum na eirich sin fhaotainn o Fhear-Sgrìobhadh na Clar-Cuimhne, tha an STORRA iar ordachadh, iar dha dearbhadh fhaotainn air an dearmad, BARANDAS a thoirt chum an co-eigeneachadh teachd. BITHIDH AN COSDAS AIRSAN A NI AN DEARMAD.

EARRANN LII.—Bithidh Paipearan Clo-bhuialte, ag innseadh na caochladh puine air am bheil fios iar iaraidh, iar an cuir a dh' ionnsuidh Luchd-Sgrìobhadh na Claran-Cuimhne, le Prìomh Sgrìobhadh an Ard-Chlar-

Cuimhne; agus bithidh iad iar an toirt seachad a *nasaidh* doibhsan aig am bheil coir am faotainn; agus bheir Luchd-Sgrìobhadh na Claran-Cuimhne mar an ceudna gach seoladh a bhitheas feumal, chum na Paipearan a sgrìobhadh gu ceart, a reir ordugh an Lagha.

EARRANN LXX. agus LXXI.—Far am bheil iomadh neach iar ordachadh leis an Lagh so fios sam bith a thoirt, bithidh e nis leor, chum am Peanas a sheachnadh, ma bheir Aon diubh am fios a tha iar ordachadh, agus factaidh an lethid-sin do d'fhios a bhì gu laghail iar a chuir troimh 'n "Phost Office," ma nithear sin an taobh a stigh do'n àm a dh' orduicheadh san Lagh.

U. P. DUNDAS,

Ard-Chlar-Chuimhne-ear nam Breith, nam Bas, agus nam Posaidhean.